

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Èisteachd)

--

X229/301

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE

Roinn A: Èisteachd (Ceistean)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 40 mionaid

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Dè an rud ainmeil a thachair ceud bliadhna air ais?

2

2. Ainmich trì rudan a rinn a' chùis na b' fhasa do Amundsen.

3

3. Dè na rudan, air an làimh eile, a rinn gnothaichean doirbh do Scott?

2

4. Dè bha gu h-àraidh mì-fhortanach mu far an do chaochail Scott?

2

5. Ainmich dà rud a tha a' sealltainn gun robh Scott agus Amundsen càirdeil ri chèile.

2

6. Ciamar a tha daoine a' faighinn airgead airson tursan mar seo an-diugh?

2

Comharraidhean

7. (a) Ainmich dà rud a tha a' dèanamh an turais seo nas fhasa a-nise.

2

(b) Ainmich rud eile a tha nas fheàrr a-nise.

1

8. Ainmich trì rudan a tha a' fàgail an turais seo fhathast cunnartach.

3

9. Minich trì rudan a bha a' toirt air daoine ri linn Scott a bhith a' feuchainn air rudan cunnartach mar seo.

3

10. Dè na rudan air a bheil feum ma tha neach dol a dh'fheuchainn air rud cunnartach mar seo?

4

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

11. Carson a dh'fheumar a bhith math air dèanamh cho-dhùnaidhean?

2

12. Dè am prìomh theachdaireachd a tha aig crìoch na h-earrainn?

2

(30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

X229/302

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

This paper must not be seen by any candidate.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



STIÙIREADH DON TIDSEAR

MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH (ANN AN ÉIGINN A-MHÀIN)

1. **Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.**

2. **Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaid agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. **Leughaidh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na mìnichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.**

[*A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN*]

4. **Canaibh ris na sgoilearan:**

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. **Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaidh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh i a cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.**

[*AN DÀRNA LEUGHADH DEN EARRAINN*]

6. **Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. **An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

STIÙIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN CD

1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.

2. **Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh nòtaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. **Tòisichibh an t-inneal.**

[A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN]

4. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal. (Na cuiribh air ais an CD.)

5. **Canaibh ris na sgoilearan:**

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

6. **Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin tòisichibh an t-inneal a-rithist.**

[AN DÀRNA CLUICH DEN EARRAINN]

7. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.

8. **Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

9. **An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

EARRANN

A' strì gu bhith air thoiseach

B' ann dìreach ceud bliadhna air ais a chaidh Raibeart Scott air an turas ainmeil aige chun a' Phòla a Deas. Dh'fhàg e fhèin agus a sgioba an campa aig Cape Evans san t-Sultain feuch am faigheadh iad chun an àite as fhaide deas air an t-saoghal ron Lochlannach, Roald Amundsen. Ach bha Amundsen air barrachd deasachaidh a dhèanamh agus thagh e slighe a bha na b' fhasa. Cuideachd bha e na bu sgileile a' làimhseachadh chon agus na b' eòlaiche air siubhal air deigh. Air an làimh eile, bha turas air leth doirbh aig Scott agus a chompanaich, eadar stoirmean-sneachda agus gainnead bìdh. Chaochail iad anns an teant aca, lag leis an acras agus an fhuachd, dìreach aon mhìle deug o chonnadh agus biadh a bhiodh air an sàbhaladh.

Ged a bha Scott agus Amundsen a' strì an aghaidh a chèile, cha robh mi-rùn sam bith eatarra. Mar eisimpleir, thadhail cuid de sgioba Scott air campa Amundsen mus do dh'fhàg e agus dh'fhàg Amundsen biadh agus litir do Scott aig a' Phòla mus do thill e.

Tha rèisean fhathast a' dol chun a' Phòla a Deas. 'S e rud cosgail a tha ann is feumaidh na sgiobaidhean airgead mòr a thogail, gu h-àraidh tro urrasachd o chompanaidhean. Ach tha gnothaichean air an dèanamh beagan nas fhasa an-diugh le teicneòlas mar innealan-stiùiridh agus fònaichean saideil, far an robh Scott agus Amundsen an crochadh gu mòr air combaist agus suidheachadh nan reultan san adhar. Tha aodach nas blàithe agus nas goireasaiche ann cuideachd a-nise.

Ach chan eil a h-uile càil nas fhasa. Tha àrainneachd nàdarrach a' Phòla a' cheart cho cruaidh agus cunnartach 's a bha i, le stoirmean-sneachda, sgoltaidhean anns an deigh agus fuachd eagalach.

Dè bhios a' brosnachadh dhaoine gus iad fhèin a chur ann an cunnart mar seo airson rudeigin a lorg no a dhèanamh airson a' chiad turas? Aig àm Scott glè thrì b' ann airson pròis agus inbhe na dùthcha aca a bhiodh daoine a' dèanamh seo. Uaireannan bha e dol na b' fhaide na inbhe is gheibheadh an dùthaich aca sealbh air na tìrean a lorgadh na daoine seo.

'S dòcha, os cionn a h-uile càil, ge-tà, gur e an sàsachadh pearsanta a tha a' tighinn na chois a bha, agus a tha, a' tàladh dhaoine gus a leithid fheuchainn.

Dè a dh'fheumas neach a tha dol a dh'fheuchainn air a leithid seo? Sa chiad àite, tha fhios gu feum e no i a bhith tapaidh. Feumaidh miann a bhith aca air an amas a choileanadh agus feumaidh iad a bhith comasach air sgioba a chumail ag obair air an aon ràmh. Feumaidh iad gu h-àraidh a bhith comasach air co-dhùnaidhean pongail a dhèanamh ann an suidhichidhean doirbh far a bheil beatha dhaoine an crochadh orra.

'S dòcha nach robh Scott ach san dàrna àite a' ruighinn a' Phòla a Deas ach sheall e spionnadh agus neart ga dhèanamh. Cha do rinn e a' chùis ach tha e ainmeil ann an eachdraidh air sgàth 's gun do dh'fheuch e. 'S dòcha gu bheil leasan an sin – 's e sin gur e feuchainn a tha cudromach.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Leughadh)

Grand
Total

X229/303

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE

Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh
Roinn B(iii): Litreachas

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



Leugh an sgeulachd agus freagair nad fhacail fhèin na ceistean a tha ga leantainn.**An t-Aonaran**

Aon latha thàinig aonaran a dh'fhuireach dhan bhaile againn, uill cha b' ann buileach dhan bhaile ach gu seann togalach shuas air cùl a' ghàrraidh, fear de na bothain a dh'fhàg an RAF air an cùlaibh an dèidh a' chogaidh.

Feumaidh mi innse dhuibh gur e maighstir-sgoile a bh' annam fhìn uaireigin ach tha mi nise air mo dhreuchd a leigeil dhìom. Tha mi a' fuireach nam aonar on a chaochail a' bhean agam beagan bhliadhnaichean air ais. Aig amannan bidh mi faireachdainn aonaranach. Ach nach eil a h-uile duine faireachdainn sin, eadhon nuair a tha iad pòsta?

“Thàinig e steach don bhùth,” ars Dougie ('s ann aig Dougie a tha an aon bhùth a th' anns a' bhaile), “'s bha gach nì aige sgrìobhte sìos air pìos pàipeir 's cha do bhruidhinn e rium idir. 'S ann a bha mi smaoinich an toiseach gur ann balbh a bha e ach cha b' ann, oir beagan an dèidh sin chuala mi e bruidhinn ris fhèin. Bha e ag iarraidh lof is ìm is càise is nithean mar sin. Ach, gu mì-àbhaisteach, cha robh e 'g iarraidh pàipear-naidheachd idir. Nach eil sin annasach? Duine àrd le baidhsagal, is aodann donn leis a' ghrèin. Is crios ròpa mu aodach. Sùilean uabhasach gorm ann. 'S cha tuirt e smid. Chuir seo cais orm, tha thu tuigsinn, ach cha tuirt mi càil.”

“'S tha e fuireach shuas an sin, gun duine ach e fhèin,” thuirt e an uair sin.

Tha Dougie fhèin pòsta ach chan eil mi smaoinichadh gu bheil am pòsadh uabhasach dòigheil oir bidh e dol suas am baile air a' bhus glè thric 's a' tighinn dhachaigh leis an deoch air. Bha e soilleir nach do chòrd an t-aonaran ris air adhbhar air choreigin.

Bha grunn làithean mus fhaca mi fhìn an t-aonaran, 's mi air a' mhòintich ag iasgach aig loch, mar a bhios mi glè thric. 'S e oidhche bhòidheach shamhraidh a bh' ann 's fàileadh cùbhraidh mun cuairt orm 's mi nam shuidhe ris an loch 's mo shlat anns a' bhùrn. 'S deagh chaomh leam a bhith ag iasgach ged nach eil mi tric a' glacadh càil. Tha am baile uaireannan a' fàs glè chumhang dhomh. Leis an fhìrinn innse chan eil mòran ann a bhruidhneas mo chànan. Dè fios a th' acasan air leabhraichean mòra an t-saoghail, air ceòl mòr an t-saoghail, air dealbhan mòr an t-saoghail? Ach feumaidh duine a bhith beò am measg dhaoine eile.

Co-dhiù bha mi nam shuidhe ris an loch 's mi a' coimhead na grèine a' dol fodha. 'S a' cluinntinn nan eun a' bruidhinn ri chèile air feadh na mòintich nan cànan fhein. Nan cànan samhraidh fhèin. Is a' chùbhraidheachd mun cuairt orm 's na clachan mòra nan seasamh mu choinneamh na grèine. 'S an t-adhar a' fàs purpaidh is dearg. O, tha bòidhchead anns an t-saoghal ceart gu leòr ach tha a' bhòidhchead nas fheàrr nuair nach eil thu buileach nad aonar.

Co-dhiù, chunnaic mi esan — an t-aonaran — pìos air falbh 's e na shuidhe leis fhèin. Cha robh e a' dèanamh càil ach a' suidhe. Cha robh fiù slat aige. Airson ùine mhòr bha mi sealltainn ris mar gum bithinn a' sealltainn ann an sgàthan ach cha do sheall esan rium idir. Bha e mar gum biodh e smaoinichadh.

Theab mi dhol suas a bhruidhinn ris, ach dh'fhuirich mi far an robh mi. Cha robh duin' eile air a' mhòintich ach sinn fhìn. Bha mi smaoineachadh fad na tìde gu robh e coimhead uabhasach dòigheil. 'S thàinig an smaoin a-steach orm. Cò e? Cò às a thàinig e? Ach cha do lean an smaoin fada 's mi ga choimhead. Bha e coimhead cho toilichte. Nach robh sin àraid? Nach robh sin uabhasach àraid?

Bha na h-eòin fhathast a' bruidhinn nan cànan fhèin. Bha esan na shuidhe air a' mhòintich, mar chloich. Gun ghluasad. Cò air a bha e smaoineachadh? Cha do thachair seo dhomh riamh roimhe, a bhith cho faisg air duine 's gun a dhol a bhruidhinn ris. Cha robh e nàdarrach.

Ann an ceann ùine dh'èirich mi gum chasan, thug mi leam mo shlat is rinn mi mo shlighe dhachlaigh. Nuair a chaidh mi steach an doras dh'fhairich mi rithist cho falamh 's a bha an taigh, an gleoc a' diogadh air sgeilp an t-simleir. Bha gach nì na àite fhèin, mo leabhraichean, mo rèidio, mo thelebhisean, iad uile ann an òrdugh lom. Chuir mi mach uisge-beatha dhomh fhìn. Bha mi 'g òl barrachd o bhàsaich mo bhean còig bliadhna air ais. B' àbhaist dhi a bhith cluich na fìdhle ach a-nis bha an ceòl na thost.

Shuidh mi ann an cathair 's chuir mi air an teine-dealain. Fad na tìde bha mi faireachdainn an taighe cho falamh 's cho fuar. Sheall mi air an fhìdhill agus smaoinich mi gun robh i coimhead coltach ri ciste-laighe. An dùil an èirich ceòl à ciste-laighe?

Aonarain, caite a bheil thu nochd na do chadal mar chloich, slàn annad fhèin?

Às an nobhail An t-Aonaran le Iain Mac a' Ghobhainn (atharraichte)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

1. Tagh dà abairt anns a' chiad pharagraf a tha a' sealltainn nach robh an t-aonaran a' fuireach faisg air daoine.

2

2. Ainmich dà rud a tha Dougie ag innse mu choltas an aonarain.

2

3. Carson, na do bheachd, a bha Dougie a' smaoinichadh gun robh e annasach nach do cheannaich an t-aonaran pàipear-naidheachd?

2

4. (a) Dè a tha am maighstir-sgoile a' smaoinichadh mu phòsadh Dougie, agus carson?

2

- (b) Carson, na do bheachd, nach do chòrd an t-aonaran ri Dougie?

2

5. (a) Carson is toigh leis a' mhaighstir-sgoile a bhith ag iasgach?

1

- (b) Dè am beachd a tha aige air muinntir a' bhaile?

2

Comharraidhean

6. Thoir dà eisimpleir air bòidhchead an t-seallaidh ri taobh an locha.

2

7. Dè a dh'fhaodadh e a bhith ciallachadh nuair a tha am maighstir-sgoile a' ràdh gu bheil e coimhead air an aonaran "mar gum bithinn a' sealltainn ann an sgathan"?

2

8. (a) Ciamar a tha dol-a-mach nan eun eadar-dhealaichte o mar a tha am maighstir-sgoile agus an t-aonaran?

2

(b) Dè am beachd a tha am maighstir-sgoile a' toirt air mar a tha e fhèin agus an t-aonaran?

1

9. Dè na dòighean sa bheil an t-aonaran "mar chloich"?

2

10. Tha e air innse gu bheil "òrdugh lom" ann an taigh a' mhaighstir-sgoile. Dè tha seo ag innse mu choltas broinn an taighe aige?

2

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

11. (a) Ciamar a tha an fhidheall coltach ri ciste?

1

(b) Dè a dh'fhaodadh e a bhith a' ciallachadh gu bheil "an ceòl na thost"?

2

12. (a) Carson a tha am maighstir-sgoile a' smaoinichadh gu bheil e "àraid"
(no neònach) gu bheil an t-aonaran toilichte?

1

(b) Dè na rudan, tron earrainn, a tha a' sealltainn gu bheil am
maighstir-sgoile cuideachd aonranach?

2

(30)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

1. Ciontach.
Sgrìobh mun fhacal seo ann an dòigh sam bith a thogras tu. (30)
2. Tuathan-gaoithe.
An e seo an dòigh air adhart airson cumhachd ann an Alba? (30)
3. Sgrìobh artaigil airson pàipear-naidheachd a' toirt dealbh air tachartas mòr anns an sgìre agad. (30)
4. (a) Sgrìobh stòiridh a tha a' crìochnachadh: "Bidh cuimhne agam air an oidhche sin cho fad 's a bhios mi beò." (30)

No

- (b) "An car a tha san t-seann mhaide, is duilich a thoirt às." Sgrìobh stòiridh a tha na h-eisimpleir air an t-seanfhaical seo. (30)
5. "Nan robh mi nam eun . . ." (30)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair AON cheist:

ROSG (Prose)

1. Tagh dà phìos rosg air an sgrìobhadh leis an aon sgrìobhaiche. Seall mar a tha iad coltach agus aocoltach ri chèile. Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air structar, cuspair, dòigh-innse no nithean iomchaidh eile. (30)
2. Tagh nobhail no sgeulachd-ghorid a chòrd riut gu mòr. Seall mar a rinn an sgrìobhadair an stòiridh cho taitneach dhut. Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air plota, suidheachadh, cuspair, caractar no nithean iomchaidh eile. (30)
3. Tagh nobhail no sgeulachd-ghoirid a tha tachairt ann an linn eadar-dhealaichte ach far a bheil an cuspair a' buntainn ri saoghal an latha an-diugh. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh dhòighean-sgrìobhaidh agus stoidhle gus an cuspair a libhrigeadh. (30)

BÀRDACHD (Poetry)

4. Tagh dà phìos bàrdachd air an sgrìobhadh leis an aon bhàrd. Seall mar a tha stoidhle a' bhàird air a shealltainn dhuinn anns na pìosan bàrdachd seo. Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air ìomhaighean, structar no nithean iomchaidh eile. (30)
5. Tagh aon phìos bàrdachd a tha thu a' smaoinichadh a tha sònraichte a thaobh a cuspair. Seall carson a tha thu a' smaoinichadh sin. Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air samhlaidhean agus ìomhaighean, dòigh-aithris agus nithean iomchaidh eile. (30)
6. Tagh dà phìos bàrdachd mu dheidhinn duine/daoine. Seall mar a tha diofar dhòighean-sgrìobhaidh air an cleachdadh gus na tha aig a' bhàrd ri ràdh a dhèanamh follaiseach. (30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i) B(ii) B(iii)	Leughadh / 30
	Sgrìobhadh / 30
	Litreachas / 30
Grand Total	120